


STORYWORLDS



An siorc gun fhiacilan



Shoo Rayner

An siorc gun fhiacian



An teaca Shoo Rayner
Na dealbhan Shoo Rayner
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Tha fios againn uile gu bheil tòrr fhiaclan ann an siorc.

Uill, seo stòraidh mu shiorc a chaill fhiaclan.

'S e Pronnadair an t-ainm a bha air.



Mus do chaill Pronnadair fhiaclan dh'itheadh e rud sam bith a thogradh e. 'S e rudan le sligean a dhèanadh BRAG nuair a bhiodh e gan cagnadh a b' fhìor fheàrr leis.

Bha eagal aig a h-uile creutair sa mhuir roimhe.

Ach aon latha thachair rudeigin dha.




Chunnaic Pronnadair turtair mòr a' snàmh mu chuairt, faisg air.


“Ithidh mi an turtair ud gum dhinneir,” arsa Pronnadair.

Nuair a chunnaic an turtair Pronnadair, dh'fhalaich e na shlige. Dh'fhosgail Pronnadair a chraos cho farsaing 's a b' urrainn dha. BRAG! Bha slige an turtair cho cruaidh agus gun do thuit a h-uile fiacail a bha ann an ceann Phronnadair às.

Bhon latha sin, chan itheadh Pronnadair ach rudan boga mar muir-tèachd agus spongan.

Cha robh eagal sam bith air na creutairean mara eile roimhe às dèidh sin.





Bha na siorcan eile a' magadh air
Pronnadair.

Bha iad a' snàmh timcheall air agus
a' gàireachdainn, a' sealltainn nam fhaclan
mòra a bh' anntasan.

“Seall an siorc ud gun fhaclan,”
chanadh iad.



“Seallaidh mise rud no dhà dhaibh,”
arsa Pronnadair.

“Ged nach eil fhaclan annam, 's urrainn
dhomh fhathast eagal a chur air a h-uile
creutair sa mhuir.”

An uair sin shnàmh Pronnadair air falbh
airson eagal a chur air creutair air choreigin.

An toiseach chunnaic Pronnadair partan beag. Dh'èigh e ris a' phartan,

Teich, teich a phartain bhig.
Teich fon chreig.
'S mise Pronnadair, an siorc.
'S tu bhiodh math rid ith.



“Chan eil eagal sam bith ormsa romhad,”
ars am partan.

“Chan eil aon fhiacail annad.”

An uair sin choisich am partan suas gu
Pronnadair agus thug e sgailc mun t-sròin dha.
Bha an fhearg air Pronnadair. Bha e airson
am partan a phronnadh agus ithe.

Ach cha robh fiacilan ann am Pronnadair.

Cha b' urrainn dha Pronnadair dad
a dhèanamh ach snàmh air falbh.
Chunnaic e an uair sin giomach beag.
Dh'èigh e ris a' ghiomach,

Teich, teich a ghiomaich bhig.
Teich fon chreig.
Is mise Pronnadair, an siorc.
'S tu bhiodh math rid ith.



“Chan eil eagal sam bith orm romhad,”
ars an giomach.

“Chan eil fiaclan annad.”

An uair sin shnàmh an giomach a-null gu
Pronnadair agus bhìd e a shròin le ladhar.
Bha an fhearg air Pronnadair.

Bha e airson an giomach ithe agus an
t-slige a phronnadh.

Ach cha robh fiaclan ann am Pronnadair.



Mar sin shnàmh Pronnadair air falbh.
An uair sin chunnaic e brod-iasg mòr.
Dh'èigh e ris a' bhrod-iasg mhòr,

Teich, teich a bhrod-èisg mhòir.
Teich fon chreig.
Is mise Pronnadair, an siorc.
'S tu bhiodh math rid ith.



“Chan eil eagal sam bith orm romhad,”
ars am brod-iasg mòr.

“Chan eil fiaclan annad.”

An uair sin shnàmh am brod-iasg mòr
suas gu Pronnadair agus thug e brodadh
dhan bhrù aige.



A-nis bha Pronnadair uabhasach brònach.
Cha robh eagal air creutair sam bith roimhe
agus cha b' urrainn dha am biadh a
b' fheàrr leis ithe.

Nuair a chunnaic na siorcan eile cho
brònach 's a bha Pronnadair, sguir iad a
mhagadh air.

“Tha fios agamsa dè nì sinn,” ars aon siorc,
agus shnàmh e air falbh cho luath 's a
b' urrainn dha.



An ath latha thug an siorc prèasant
dha Pronnadair.

Rinn e seata fhiaclan ùra dha, air an
dèanamh le sligean.

Bha Pronnadair uabhasach toilichte.

“Tha fhiaclan agam a-rithist,” dh'èigh e.

“O, tapadh leibh, tapadh leibh.”

Agus shnàmh e air falbh.

An ath latha chunnaic am partan, an giomach
agus am brod-iasg, Pronnadair a-rithist.
“Chan eil eagal oirnn romhad,” thuirt iad.

Rinn Pronnadair gàire mòr a’ sealltainn
fhiaclan ...



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillsachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Shoo Rayner 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatain.

Tha Shoo Rayner a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 697 X